38	We will ensure the place and importance of Gaelic remains a key focus in planned developments around branding and positioning associated with both the UHI identity, including individual partner identities*	✓	✓			Director of corporate communications

3. Corporate communications

	Commitment	2023	2024	2025	2026	Lead
39	All front of house staff have received Gaelic language training and greet visitors in Gaelic, and there is a bilingual message on the UHI main switchboard for out-of-hours callers. Visitors who wish to continue to communicate in Gaelic will continue to be directed to an appropriate staff member.	✓	✓	✓	✓	Vice-principal operations
40	We will continue to ensure that mail and emails received in Gaelic receive a response in Gaelic.	✓	✓	✓	✓	Director of corporate communications
41	UHI partnership-wide communications with staff, students and alumni will continue to be bilingual.	✓	✓	✓	✓	Director of corporate communications; dean of student experience Director of development and alumni engagement
42	Our events programme will feature at least one event through the medium of Gaelic each academic year.	✓	✓	✓	✓	Director of corporate communications
43	We will continue to ensure that all our display materials are bilingual and this practice will be encouraged throughout the academic partnership.	✓	✓	✓	✓	Director of corporate communications Director of development and alumni engagement
44	All high profile and Gaelic-related media releases will be produced bilingually.	✓	✓	✓	✓	Director of corporate communications
45	We will provide support to staff to ensure we can put forward a Gaelic spokesperson for media interviews and will promote these staff through our media experts' service.	✓	✓	✓	✓	Director of corporate communications

3. Corporate communications

	Commitment	2023	2024	2025	2026	Lead
46	Our corporate publications will be produced bilingually.	✓	✓	✓	✓	Director of corporate communications
47	UHI alumni and development office materials will be produced bilingually, including webpages, e-newsletters and any printed material.	✓	✓	✓	✓	Director of development and alumni engagement
48	We will continue to ensure that promotional materials for Gaelic-medium courses, including within the UHI prospectus, are produced in Gaelic only or bilingual format.	✓	✓	✓	✓	Director of student recruitment and admissions
49	We will expand our use of social media to increase the visibility of Gaelic and Gaelic related activities taking place across UHI. This will include student-generated content, posts, blogs and videos.	✓	✓			Director of corporate communications
50	We will use web analytics to identify priority pages for translation on our website, with priority given to information on Gaelic learning, Gaelic-medium provision and Gaelic-related matters.	✓	✓	✓	✓	Director of corporate communications
51	We will prioritise high profile and relevant content for bilingual presentation on the UHI website.	✓	✓	✓	✓	Director of corporate communications



4. Staffing

Encouraging and supporting all staff, regardless of their role, and wherever they are employed within the UHI partnership, to acquire and develop Gaelic language skills.

Area for development: staff development and staff recruitment

Overall outcome: There will be an increase in the number of staff learning and using Gaelic

Key targets: A year-on-year increase in the number of staff across our academic partnership who are studying Gaelic, including engaging with our Gaelic awareness provision

Links to the high-level aims as approved by Bòrd na Gàidhlig:

- + Internal audit: conduct an internal audit of Gaelic skills and training needs through the life of each plan.
- + Induction: knowledge of the Gaelic language plan included in new staff inductions.
- + Language training: Gaelic language skills training and development offered to staff, particularly in relation to implementing the Gaelic language plan.
- + Awareness training: Gaelic awareness training offered to staff, with priority given to directors, board members, councillors and student-facing staff.
- + Recruitment: recognising and respecting Gaelic skills within the recruitment process. Gaelic named as an essential and/or desirable skill in job descriptions in order to deliver the Gaelic language plan and in accordance with the Bòrd na Gàidhlig recruitment advice. Bilingual or Gaelic only job adverts for all posts where Gaelic is an essential skill.
- + Assist with increasing the use of Gaelic across the UHI partnership in both formal and informal situations.

4. Staffing

	Commitment	2023	2024	2025	2026	Lead
52	We will expand Gaelic learning and Gaelic awareness opportunities for employees, the university court and board members and Highlands and Islands Student Association staff. We will support this by developing an appropriate funding model for staff.	✓	✓	✓	✓	Chair, Comataidh Ghàidhlig
53	We will encourage our staff to consider the development of their Gaelic language skills as part of their yearly development reviews as appropriate.	✓	✓	✓	✓	Human resources practitioners group; director of strategic organisational and human resources
54	We will continue to provide and update an online interactive Gaelic resource (Gàidhlig dhutsa) which will be available to all staff and students. Staff are directed to the Speak Gaelic website for further learning opportunities.	✓	✓	✓	✓	Director of corporate communications
55	We will provide assistance to staff and students across the partnership to use Gaelic wherever possible, for example email signatures and out of office messages.	✓	✓	✓	✓	Director of corporate communications; academic partner principals
56	We will undertake a staff skills audit to gauge the Gaelic language proficiency and usage amongst staff and inform future Gaelic language skills development.			✓		Head of human resources; human resources practitioners' group
57	We will ensure that recruitment material for new UHI posts specifies Gaelic language proficiency as a desirable skill. We will ensure that at least one new post with Gaelic as an essential skill is designated or created within the lifetime of this edition of the plan.	✓	✓	✓	✓	Human resources practitioners group; director of strategic organisational and human resources
58	We will ensure that roles for which a proficiency in Gaelic is identified as essential are advertised bilingually and interviewed through the medium of Gaelic.	✓	✓	✓	✓	Human resources practitioners group; director of strategic organisational and human resources

Implementation and monitoring

Timetable

This Gaelic language plan will formally remain in force for a period of four years from the date it was approved by Bòrd na Gàidhlig. By no later than the end of this period we will review the plan, make such amendments as necessary and submit it to Bòrd na Gàidhlig for approval. UHI has set out individual target dates for each numbered commitment in the plan.

Publicising the plan

Our Gaelic language plan will be published bilingually in a prominent place on our website. In addition, we will devise a public relations strategy and plan to support its publication. This will include:

- + A media release announcing the approval and publication of the plan
- + Social media posts on a number of platforms
- + Media interviews to be offered in Gaelic and English, as appropriate
- + Information for staff, students and stakeholders about the new plan and how to access it

In line with good practice, we will not distribute hard copies of the plan, but will encourage stakeholders to view it online. However, we will respond positively to specific requests for a hard copy of the plan to be provided.

Approval of the plan

This plan is the policy of UHI and has been endorsed by Comataidh Gàidhlig, partnership council, academic council, and the UHI court.

Overall responsibility

The principal and vice-chancellor will have overall responsibility for ensuring UHI fulfils the commitments set out in this plan. Strategic oversight of the implementation of the plan has been devolved to the deputy principal (academic and research) in close collaboration with the principal of Sabhal Mòr Ostaig.

Our academic partners, notably Sabhal Mòr Ostaig and UHI North, West and Hebrides, have responsibility for progressing a number of the actions in the plan, especially in regard to higher education teaching, learning and research. Given that these actions are largely enabled by Scottish Funding Council funds, channelled through UHI and for which UHI is accountable, arrangements are in place for annual monitoring of the use of these funds throughout our academic partnership.

Staff members

UHI consists of several separate employers and therefore the exact arrangements for implementation will vary across the UHI partnership. Staff will be informed of their responsibilities



Implementation and monitoring

through a range of internal communication protocols. Line managers have a specific responsibility to ensure that they liaise with their staff to support the implementation of the commitments in the plan.

Services delivered by third parties

When we work with external organisations, we will make them aware of the Gaelic language plan and will seek to ensure that they engage with the principles of the plan, as appropriate.

Resourcing the plan

We will ensure that adequate funding is in place each year to meet our commitments under the plan. Where there is a need for additional funding, as a result of implementation of the plan, wherever this is affordable, we will identify the requisite costs in the budget process for each year, and ensure actions are budgeted for appropriately. External funding may be sought for individual projects.

Monitoring the implementation of the plan

The progress of the plan will be a standing item on the agenda of the UHI Comataidh Gàidhlig, which will have overall responsibility for monitoring and advising on the plan. It will also receive a detailed annual report on progress, which will then be

submitted to Bòrd na Gàidhlig. Comataidh Gàidhlig will also be responsible for aligning this plan, with those of UHI North, West and Hebrides, Sabhal Mòr Ostaig (recognising that Sabhal Mòr Ostaig has its own distinct role for the Scottish Government as the National Centre for Gaelic Language and Culture), and partners who develop aligned Gaelic language plans during the period of currency of this plan.

In addition, there will be an annual report on progress made against the commitments which will be considered by the UHI senior executive team and partnership council. The section of the annual report focusing on curriculum and research will be reviewed by academic council. Following internal consideration, the annual report will be sent to Bòrd na Gàidhlig.

The commitments within the plan are the overall targets for the plan and the reporting arrangements will comment on the extent to which each of these commitments has been delivered.

Additional performance targets, are embedded in the specific sections of the plan (1, 2 and 4).

Facal-toisich

Anns an eagraan seo, tha sinn a' daingneachadh an dealais a th' againn a bhith a' gabhail ris a' Ghàidhlig agus an cultar a bhuineas dhi gu for-ghnìomhach agus gu deimhinneach mar phàirt chudromach is luachmhor de chom-pàirteachas UHI, an dà chuid a thaobh a' ghnòthaich acadaimigich bhunaitich againn le teagasg is rannsachadh aig a theis-meadhan, agus ar fèin-aithne mar bhuidheann dhà-chànanach a tha freumhaichte sna coimhearsnachdan againn. Leis an dòigh-obrach ùraichte a th' againn a thaobh planadh na Gàidhlig bheirear taic do dh'amalachadh poileasaidh na Gàidhlig air feadh na buidhne agus cuirear an cèill gu soilleir an t-àrd-amas làidir againn a' Ghàidhlig agus an cultar aice a bhith fìor chudromach do UHI fhathast.

Tha na prìomhachasan, na geallaidhean agus na tòimhsean a tha air an cur an cèill ann an seo, sa cheathramh eagraan den phlana Gàidhlig againn, a' togail air na geallaidhean a thug sinn seachad san treas plana Gàidhlig againn, 2019-2022. Chaidh aire a thoirt air beachdan a fhuaras air ais o luchd-obrach, com-pàirteachas UHI, luchd-ùidhe taobh a-staigh is taobh a-muigh den bhuidhinn, buidhnean com-pàirteach, Bòrd na Gàidhlig agus am mòr-shluagh.

Thar cheann tha na geallaidhean sa phlana seo ag aithneachadh an uallaich phoblaich a th' oirnn mar bhuidheann sgìreil chudromach a bhith gu leantainneach ag adhartachadh na Gàidhlig agus a' chultair aice mar nì beò, smiorail taobh a-staigh den sgìre agus nas fhaide às.

Fàilte on Phrionnsapal is Iar-Sheansalair

Mar phrionnsapal agus iar-sheansalair eadar-amail UHI, tha e na thoileachas dhomh an ceathramh deasachadh den Phlana Ghàidhlig againn a chur fa ur comhair. Mar an aon stèidheachd treas ìre le rinndean farsaing air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean, Mhoireibh agus Siorrachd Pheairt, tha sinn moiteil às an dleastanas phoblach a th' againn inbhe na Gàidhlig àrdachadh agus bidh sinn a' gabhail gu for-ghnìomhach ris an uallach seo.

Anns na deasachaidhean den Phlana Ghàidhlig againn a bh' ann cheana, bha àrd-amasan a thaobh taic do dh'oileanaich, leasachadh a' churraicealaim agus rannsachadh, agus tha am plana seo a' cur an cèill an rùin-shuidhichte a th' oirnn às ùr a bhith a' togail air a h-uile rud a choilean sinn gus suidheachadh na Gàidhlig a neartachadh air feadh a' chom-pàirteachais againn. Tha am plana cuideachd a rèir a' phlana ro-innleachdail ùir againn. Tha e mar phàirt bhunaiteach den ghnìomh a chuir sinn romhainn a bhith ag iomain air aghaidh foghlam agus rannsachadh co-chruthaichte, agus ar cruth-tìre, ar dualchas agus ar cultaran gun samhail a' cur mathas ri sin. Cuiridh seo an spionnadh a th' againn gu feum agus suidhichidh e àrd-amasan ùra tarsainn chòig prìomh chuspairean ro-innleachdail: teagasg, ionnsachadh agus taic do dh'oileanaich; buaidh rannsachaidh agus ùr-ghnàthachaidh; iomairt agus fàs; seasmhachd àrainneachdail; agus sàr-mhathas obrachaidh. Seasaidh sinn cànan is cultar na Gàidhlig nar coimhearsnachdan tro churraicealam, rannsachadh agus fèin-fhiosrachaidhean nan oileanach agus aithnichidh sinn is taicidh sinn an iomadachd chànanach is cultarach a th' ann air feadh nan sgìrean againn.

Ri linn rèis a' phlana seo tha sinn suidhichte gun dèan sinn na leanas:

- + Fàs a thoirt air inbhe is faicsinneachd na Gàidhlig agus am feum a nithear dhith air feadh UHI,
- + Farsaingeachd mhòr-chuairteach de chothroman a sholar do luchd-obrach is oileanaich mothachadh a bhith aca air a' Ghàidhlig agus a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig,
- + A bhith a' dol an co-luadar gu for-ghnìomhach ris na coimhearsnachdan Gàidhlig againn agus na coimhearsnachdan againn de luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus
- + Measadh a dhèanamh air na toraidhean a thaobh na Gàidhlig a tha an lùib buileachadh a' phlana seo.

Tha an eagan seo ag ath-aithris dealas soilleir a thaobh nam miannan is nan àrd-amasan a tha air an gabhail a-steach am Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Agus sinn ag aithneachadh an adhbhair bith acadaimigich bhunaitich againn, tha sinn, ann an aithghearrachd, làn dealasach a bhith a' cur gu leantainneach agus ann an dòigh chudromach ri àite na Gàidhlig ann an Albainn mar chànan smiorail, bheò is aigheach.

Tha mi a' cur ceathramh Plana Gàidhlig UHI fa ur comhair.



Vicki Nairn

Prionnsapal agus Iar-Sheansalair eadar-amail UHI

Ro-ràdh - Mu UHI

Is e stèidheachd ùr-ghnàthach, smiorail is fìor shònraichte a tha ann an UHI a tha a' gabhail a-steach foghlam adhartach is àrd-ìre, rannsachadh, agus iomlaid eòlais. Agus e air a stèidheachadh ann an dlùth chom-pàirteachas ris a' bhuidhinn leasachaidh sgìreil, lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, agus le fradharc nàiseanta is eadarnàiseanta air cùisean, is e bun-amas UHI buaidh chruth-atharrachail a thoirt air eaconamaidh na sgìre-obrachaidh againn agus na coimhearsnachdan a tha sinn a' seirbheiseachadh. Tha an raoin-obrachaidh againn gun choimeas san Rìoghachd Aonaichte, a thaobh a' mheud a th' oirre, a profaidhl deamografach, a cultaran, a cànairean is a dualachas, agus chaidh UHI a stèidheachadh a bhith a rèir seo. Leis gur ann aig cridhe na Gàidhealtachd a tha sinn air ar suidheachadh, tha sinn ag aithneachadh o chionn iomadh bliadhna gu bheil uallach poblach oirnn a bhith a' gabhail ris a' Ghàidhlig agus a cultar nar beatha is nar n-obair làitheil agus is e rud a tha sin a bhios sinn a' dèanamh le uabhar agus dealas.

A thaobh structar, is e com-pàirteachas a th' ann an UHI; lìonra de cholaistean is stèidheachdan rannsachaidh speisealaichte a tha air an acrachadh, ged a tha iad sgapte, sa Ghàidhealtachd is nan Eilean, Moireibh is Siorrachd Pheairt: o Shealtainn gu Earra-Ghàidheal agus o na h-Eileanan Siar gu Moireibh, pàirt dhiubh ann am bailtean, ach a' mhòrchuid ann an sgìrean dùthchail agus coimhearsnachdan eileanach. Tha UHI an dèidh Ro-innleachd Eileanach a thoirt a-steach a bhith a' cur an cèill mar a dh'oibricheas UHI le com-pàirtichean,

a leudachadh is a neartachadh nan gnìomhachdan aige air feadh Arcaibh, Shealtainn agus nan Eilean Siar.

Tha an t-aonta com-pàirteachais againn ann an UHI a' cur an cèill rèiteachaidhean a thaobh mar a cho-oibricheas sinn tarsainn farsaingeachd mhòr de ghnìomhachd acadaimigeach. Mar chom-pàirtiche ann an UHI, tha pàirt shònraichte air leth aig Sabhal Mòr Ostaig ri a cluich, mar an t-Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig, le taic o Riaghaltas na h-Alba. Tha am planaichean Gàidhlig fhèin aig Sabhal Mòr Ostaig, UHI Tuath, an Iar agus Innse Gall, gach aon dhiubh, a chuireas an cèill dealas an stèidheachdan a thaobh na Gàidhlig. Tha pàirt aig Sabhal Mòr Ostaig ri a cluich ann a bhith a' taiceadh ghnìomhachdan Gàidhlig UHI, cho math ris an raon-obrach nàiseanta aige fhèin cuideachd airson leasachadh na Gàidhlig agus a cultar.

Tha ball de dh'àrd-sgioba riaghlaidh UHI is dleasnas gnìomhach aca a bhith a' marasglachadh plana Gàidhlig UHI agus bidh an neach aig a bheil an dreuchd seo ag obair an dlùth chom-pàirteachas le prionnsapal Shabhal Mòr Ostaig a tha na chathraiche air a' chomataidh Ghàidhlig againn cho math ri bhith a' cluich pàirt chudromach ann a bhith ag adhartachadh buileachadh a' phlana.

Tha oifigear Gàidhlig UHI na bhun-bhall den luchd-obrach agus dleasnas aige a bhith a' cuideachadh le leasachadh is cur-an-gnìomh phlana na Gàidhlig.

Ro-ràdh - An soirbheachadh againn leis a' Ghàidhlig

Tha a' Ghàidhlig fìghe fuaighte ann an dualchas, fèin-aithne nàiseanta agus beatha chultarach na h-Alba agus tha sinn rùn-shuidhichte gun cuir sinn ri sin ann an dòigh èifeachdach. Tha sinn dealasach a thaobh nan amasan a tha air an cur an cèill ann am planaichean Gàidhlig nàiseanta a' leantainn a chèile o chionn bhliadhnan mòra agus chuir sinn na structaran is na h-iomairtean riatanach nan àite gus an cuidich sinn a bhith a' dèanamh cinnteach gun e seasmhachd is soirbheachadh a bhios ron Ghàidhlig san àm ri teachd ann an Albainn agus a bhith ag aithneachadh, gu sònraichte, na pàirte a chluicheas an luchd-eilthreachd eadarnàiseanta againn.

Tha UHI ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig ann an suidheachadh a tha anabarrach cugallach agus tha sinn dealasach a bhith mar phàirt de cho-oidhirp le Riaghaltas na h-Alba, na h-earrainnean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus daoine fa leth a dhèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig ga cleachdadh nas bitheanta le barrachd dhaoine ann am farsaingeachd nas motha de shuidheachaidhean. Thèid sinn gu for-ghnìomhach an co-luadar ri coimhearsnachdan Gàidhlig traidiseanta ann an cùisean a bhuineas ris na bun-ghnìomhan againn de rannsachadh is teagasg. B' e deagh eisimpleir dheth seo am pròiseact chaman a chaidh a chur fo sheòl gus am bithist fhathast a' dèanamh chaman, a tha mar phàirt de cho-obrachadh nas fharsainge eadar UHI agus Comann na Camanachd. Tha an dà bhuidhinn an dèidh an ainm a chur ri meòrachan co-thuigse a bhith ag obair còmhla a dh'fhiosrachadh chothroman a thaobh obair shaor-thoileach, gnàth-eòlas obrach, foghlam is trèanadh, coidseadh agus aire sa choimhearsnachd.

Is ann an 1999 a ghabh UHI ri poileasaidh Gàidhlig a' chiad uair. Chaidh a' chiad phlana Gàidhlig againn aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 24 Lùnastal 2010 is bha e a' toirt a-steach nam bliadhnan 2010-2014. Bho 2010, bha trì planaichean Gàidhlig eile ann agus thug sinn ceuman cudromach air aghaidh a thaobh na chithear is na chluinnear den Ghàidhlig sna seirbheisean againn do dh'oileanaich, luchd-obrach agus am mòr-shluagh, agus cuideachd tarsainn a' bhun-ghnothaich againn a thaobh a' churraicealaim is nan gnìomhachdan rannsachaidh againn. Mar seo, dh'adhartaich sinn am prionnsapal urram co-ionann a bhith air a thoirt don Ghàidhlig agus don Bheurla. Ann am farsaingeachd mhòr de raointean sa bheatha agus san obair againn, gu sònraichte ar fèin-aithne, margaideachd is conaltradh agus na dh'fhiosraicheas oileanaich, the e fìor gu dearbh gu bheil mòran de na geallaidhean a chuireadh an cèill an ciad phlana UHI an dèidh dol nam pàirt den obair làitheil againn.

Coltach ris a h-uile pàirt den chomann-shòisealta, b' fheudar dhuinn freagairt a thoirt gu sùbailte air galar lèir-sgaoilte COVID-19 agus bha e na phrìomhachas soilleir ri linn eagran a' phlana Gàidhlig mu dheireadh a dèanamh cinnteach gu bheil na h-oileanaich is an luchd-obrach làithreach air fad air an taiceadh gu math, agus atharrachaidhean reusanta gan dèanamh air ullachadh chùrsaichean. Chaidh seo aithris ri Bòrd na Gàidhlig, agus tha e air aontachadh gum bu chòir pàirt de na h-eileamaidean a bha sa phlana Gàidhlig mu dheireadh a ghiùlan thairis chun a' phlana làithrich seo.

Ro-ràdh - Na prìomhachasan againn sa Ghàidhlig

Tha eagraan a phlana Gàidhlig seo a' cur an cèill na chuir sinn romhainn a thaobh mar a chleachdas sinn a' Ghàidhlig ann a bhith a' coileanadh nan gnìomhan is nan seirbheisean againn, agus mar a chleachdas sinn a' Ghàidhlig an àm a bhith a' conaltradh ris a' mhòr-shluagh agus prìomh chom-pàirtichean. Tha cudrom ga chur air a' Ghàidhlig sa bhunghnothach againn de theagasg is rannsachadh, agus mar phàirt dheth seo an taic a bheir sinn do choimhearsnachdan Gàidhlig traidiseanta. Tha am plana cuideachd a' cur an cèill mar a dh'abhasticheas sinn, mar a dh'adhartaicheas sinn is mar a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig, agus sinn a' togail air a' chonaltradh is na leasachaidhean soirbheachail a bh' ann gu ruige seo. Chaidh am plana Gàidhlig againn ullachadh a rèir shlatan-tomhais reachdail a tha air an cur sìos ann an Achd 2005 agus le aire air 'Plana Nàiseanta na Gàidhlig' agus an 'Stiùireadh a thaobh Planaichean Gàidhlig a Chruthachadh'.

A thaobh seo, tha am plana againn:

1. A' daingneachadh a' bhun-dleistanais againn a bhith a' taiceadh cleachdadh na Gàidhlig ann an suidheachaidhean neo-fhoirmeil is coimhearsnachdail, gu sònraichte ann an coimhearsnachdan Gàidhlig traidiseanta, ach gun a bhith cuingealaichte riutha sin,
2. Neartaichidh sinn cleachdadh na Gàidhlig tarsainn ar com-pàirteachais acadaimigich,
3. Tha e a rèir na follaiseachd mòire a th' aig a' Ghàidhlig gu poblach is gu poilitigeach ann an Albainn, agus an uallaich phoblaich shoilleir a th' oirnn a bhith a' toirt freagairt dhealasach air seo,
4. Tha e a' toirt a-steach a' chom-pàirteachais acadaimigich, aig an aon àm ri bhith ag aithneachadh an àite shònraichte aig Sabhal Mòr Ostaig mar an t-Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig, agus,

5. Tha e a' neartachadh eileamaidean de dh'fhoghlam adhartach is àrd-ìre agus gnìomhachdan rannsachaidh is iomlaid eòlais Gàidhlig.

Tha sinn a' toirt seachad ceithir geallaidhean prìomhachasach san eagraan seo agus tha na geallaidhean seo a rèir nan amasan a tha air an cur an cèill am plana nàiseanta na Gàidhlig, a' gabhail a-steach na ro-innleachd nàiseanta airson foghlam Gàidhlig. Le chèile, tha iad a' comharrachadh cho dealasach is a tha sinn a bhith a' cluich pàirt chudromach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach san àm ri teachd mar chànain bheò ann an Albainn:

1. Teagasg, ionnsachadh, rannsachadh is iomlaid eòlais: a bhith a' neartachadh àite, faicsinneachd is cleachdadh na Gàidhlig am bunghnothach an oilthigh de theagasg, ionnsachadh, rannsachadh is iomlaid eòlais, a' gabhail a-steach dealas a bhith a' dol an co-luadar gu for-ghnìomhach ris na coimhearsnachdan Gàidhlig traidiseanta. Tha na prìomhachasan as cudromaiche san fharsaingeachd airson am plana Gàidhlig againn a liubhairt sna trì bliadhna ri tighinn a' buinteil ri bhith a' trusadh barrachd oileanaich, an dà chuid do na prògraman Gàidhlig làithreach aig Sabhal Mòr Ostaig agus UHI Tuath, an Iar, agus Innse Gall, agus a thaobh cothroman nas fheàrr a thaiceadh do luchd-obrach is oileanaich a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig, gu sònraichte aig ìre luchd-tòiseachaidh. Thèid leudachadh a thoirt air na gnìomhachdan rannsachaidh againn gus an cuir sinn ann an dòigh làidir, dhiongalta ris a' bhunait eòlais nàiseanta mun Ghàidhlig agus an t-àite aice an comann-sòisealta na h-Alba. Mar phàirt den obair seo agus an co-chòrdadh ris an obair aig Sabhal Mòr Ostaig, UHI Innse Gall, a bha ann roimhe, agus Institiud Shaidheansan Cànan UHI, tha sinn ag iarraidh cumail oirnn a bhith an co-luadar ri coimhearsnachdan Gàidhlig traidiseanta.

Ro-ràdh - Na prìomhachasan againn sa Ghàidhlig

2. Na dh'fhiosraicheas oileanaich: a bhith a' dearbhadh gum bi na dh'fhiosraicheas oileanaich a' daingneachadh a' phrionnsapail de dh'urram co-ionann don Ghàidhlig agus don Bheurla. San earrainn seo togaidh sinn air na chaidh a choileanadh cheana gus am bi a' Ghàidhlig faicsinneach do na h-oileanaich air fad aig UHI, agus dhaibhsan a tha ag iarraidh a' chothruim a bhith a' conaltradh sa Ghàidhlig mar phàirt de na dh'fhiosraicheas iad. Nì sinn cinnteach cuideachd gum bi am prionnsapal seo an grèim a thaobh alumni UHI. Cumaidh sinn oirnn a' toirt taic do Chomann Oileanaich na Gàidhealtachd agus nan Eilean ann a bhith a' cur an gnìomh a' phlana Ghàidhlig aige fhèin aig an aon àm ri bhith ag aithneachadh is a' toirt urram don chomann oileanaich fa leth aig Sabhal Mòr Ostaig, Comann nan Oileanach.

3. Conaltraidhean corporra: a bhith ag adhartachadh fèin-aithne dhà-chànanach UHI tron obair trusadh oileanaich agus na conaltraidhean againn. Ma bhios a' Ghàidhlig nas fhollaisiche ann am brannd UHI cuiridh sin gu mòr ri inbhe na Gàidhlig agus mothachadh san fharsaingeachd air a' chànanan chan ann am measg bhuill de choimhearsnachdan ionadail a-mhàin, ach cuideachd am measg a' mhòr-shluaigh agus luchd-ùidhe. Thathar ag aithneachadh cuideachd, leis a' Ghàidhlig a bhith nas fhollaisiche mar seo sa ghnìomhachd seo, gun cuirear gu mòr ri inbhe na Gàidhlig agus mothachadh san fharsaingeachd air a' chànanan air feadh chom-pàirteachas UHI.

4. Luchd-obrach: a bhith a' brosnachadh is a' taiceadh an luchd-obrach air fad, ge sam bith dè an dreuchd a th' aca, agus ge sam

bith càit a bheil iad air am fastadh an com-pàirteachas UHI, sgilean Gàidhlig a thogail is a leasachadh. Gus am bi seirbheisean gan liubhairt tro mheadhan na Gàidhlig, eadhon aig ìre bhunaiteach fhèin, tha feum fàs a thoirt air sgilean obrach is sgilean cànan riatanach luchd-obrach. Le ionnsachadh cànan is mothachadh cànan a bhith air an solar do luchd-obrach cuidichear le bhith ag adhartachadh ionnsachadh na Gàidhlig am measg inbhich agus bidh a' Ghàidhlig air a h-adhartachadh mar sgil feumail san àite obrach. Le dreuchdan a bhith air an comharrachadh anns a bheil a' Ghàidhlig na sgil ainmichte cuirear gu mòr ri inbhe na cànanne agus ri bhith ga comharrachadh mar sgil feumail ri a thogail.

Tha na ceithir geallaidhean seo ag aithneachadh gu bheil iomadachd chànanach ann agus chan eil iad idir a' cur suarach chànannean is dualchainntean eile.

Tha UHI a' faighinn maoinachadh airson foghlam adhartach is àrd-ìre agus airson gnìomhachd rannsachaidh is iomlaid eòlais bho Chomhairle Mhaoineachaidh na h-Alba (CMA). An iomlaid airgead poblach, bithear a' toirt air adhart aonta thoraidhean bliadhnail eadarainn fhèin agus CMA gach bliadhna. Bidh an t-aonta thoraidhean seo an-còmhnaidh a' cur an cèill gu follaiseach an uallaich a tha sinn a' gabhail oirnn fhèin a bhith a' toirt a' phlana Ghàidhlig seo gu buil.

UHI

Plana Gàidhlig 2023-2026

Na bun-gheallaidhean againn



1. Teagasg, ionnsachadh, rannsachadh is iomlaid eòlais

A bhith a' neartachadh àite is faicsinneachd na Gàidhlig agus am feum a nithear dhith ann am bun-ghnothach teagaisg, ionnsachaidh, rannsachaidh is iomlaid eòlais UHI, a' gabhail a-steach dealas a bhith a' dol an co-luadar gu for-ghnìomhach ris na coimhearsnachdan Gàidhlig traidiseanta.

Raon ri a leasachadh: teagasg, ionnsachadh is leasachadh a' churraicealaim

Toradh: Àrdachadh an àireamh luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig a h-uile h-ìre ann an UHI

Prìomh thargaidean:

- + Meudachadh o bhliadhna gu bliadhna an àireamh luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig a h-uile h-ìre.
- + Meudachadh o bhliadhna gu bliadhna an àireamh nan oileanach a tha ag ionnsachadh airson theisteanasan ann am foghlam tòiseachail do luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig.
- + Meudachadh o bhliadhna gu bliadhna an àireamh nan oileanach a tha ag ionnsachadh airson theisteanasan leasachaidh dhreuchdail leantainnich ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Ceanglaichean ris na h-amasan àrd-ìre mar a chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig:

- + Cuideachadh le bhith a' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh UHI agus tarsainn ar com-pàirteachais ann an suidheachaidhean foirmeil agus neo-fhoirmeil.
- + A bhith a' brosnachadh barrachd luchd-ionnsachaidh ann an raon-obrachaidh UHI a bhith a' leantainn chùrsaichean Gàidhlig a tha ri am faighinn air feadh chom-pàirteachas UHI.
- + Meudachadh a thoirt air farsaingeachd is so-fhaotainneachd nam modalan agus nan cùrsaichean a thathar a' tabhann tro mheadhan na Gàidhlig, cho math ri àireamh nan daoine a tha gan leantainn, feuch am bi barrachd de luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann aig gach ìre sa chom-pàirteachas acadaimigeach.
- + Fios agus brosnachadh a thoirt do dh'oileanaich a tha ann mu thràth agus a tha a' dèanamh farsaingeachd mhòr de chùrsaichean nach eil tro mheadhan na Gàidhlig feuch an clàraich iad airson nam modalan/cùrsaichean sin agus feadhainn a th' ann mu thràth.
- + Meudachadh a thoirt air cothroman tarsainn chom-pàirteachas UHI air teagasg aghaidh-ri-aghaidh feasgair sa choimhearsnachd aig ìre luchd-tòiseachaidh mar thaic do sgilean Gàidhlig agus barrachd cleachdaidh ann an diofar choimhearsnachdan.
- + Sùil a chumail air ìrean adhartachaidh mhodalan agus chùrsaichean Gàidhlig tarsainn com-pàirteachas UHI agus àireamhan nan daoine a tha gan leantainn. Fuasgladh a thoirt air cnapan-starra sam bith a dh'fhaodadh èirigh.
- + A bhith a' leantainn oirnn ag obair le com-pàirtichean gus buannachdan ionnsachadh na Gàidhlig a chur air shùilibh do dhaoine air feadh raon-obrachaidh UHI

1. Teagasg, ionnsachadh, rannsachadh is iomlaid eòlais

	Gealladh	2023	2024	2025	2026	Lead
1	Leasaichidh sinn cothroman do luchd-ionnsachaidh Gàidhlig às a raoin obrachaidh againn air fad a bhith a' leantainn orra bhon sgoil chun foghlam adhartach agus bho sin chun foghlam àrd-ìre, le bhith a' cleachdadh caochladh dhòighean teagaisg, a' gabhail a-steach mhodhan air-loidhne is aghaidh-ri-aghaidh.	✓	✓	✓	✓	Sabhal Mòr Ostaig; UHI Tuath, an Iar agus Innse Gall; deadhan nan ealain, nan daonnachdan is gnothachais
2	Bheir sinn taic gu for-ghnìomhach do chleachdadh na Gàidhlig ann an suidheachaidhean coimhearsnachd neo-fhoirmeil, gu sònraichte ann an coimhearsnachdan eileanach is dùthchail, tro bhith a' solar farsaingeachd de chothroman ionnsachaidh is iomairtean coimhearsnachdail. Sna h-Eileanan Siar, agus air taobh siar na Gàidhealtachd, oibrichidh sinn a shoirbheachadh sgeama meantoraidd Gàidhlig agus clasaichean còmhraidh coimhearsnachdail neo-fhoirmeil air-loidhne. Ni sinn cinnteach cuideachd gum bi cothroman ann a bhith a' leantainn air adhart bho na cùrsaichean seo chun a' phortfòilio làithrich againn de chùrsaichean nas susbaintiche air-loidhne agus aghaidh ri aghaidh.	✓	✓	✓	✓	UHI Tuath, an Iar agus Innse Gall; Sabhal Mòr Ostaig
3	Tairgidh sinn cùrsaichean cànan Gàidhlig goirid air-loidhne agus aghaidh ri aghaidh do phàrantan cloinne ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig tarsainn na sgìre againn a' dol o luchd-tòiseachaidh chun luchd-ionnsachaidh adhartach, agus a' gabhail a-steach sgìlean litearrachd sa Ghàidhlig do dh'fhileantaich. Oibrichidh sinn cuideachd gus dèanamh cinnteach gum bi cothroman ann a bhith a' leantainn air adhart bho na cùrsaichean seo chun a' phortfòilio làithrich againn de chùrsaichean nas susbaintiche air-loidhne agus aghaidh ri aghaidh a tha gan ruith tro Shabhal Mòr Ostaig agus UHI Tuath, an Iar agus Innse Gall. Gu sònraichte, ag obair ann an com-pàirteachas ri Comhairle nan Eilean Siar, bheir sinn taic do phrògram Gàidhlig an Toiseach an ùghdarrais ionadail.	✓	✓	✓	✓	UHI Tuath, an Iar agus Innse Gall; Sabhal Mòr Ostaig; UHI Inbhir Nis
4	Stèidhichidh sinn prògram de chothroman ionnsachadh Gàidhlig sa choimhearsnachd ann an Inbhir Nis agus na sgìrean timcheall oirre. Ni sinn cinnteach cuideachd gum bi cothroman ann a bhith a' leantainn air adhart chun a' phortfòilio làithrich againn de chùrsaichean nas susbaintiche air-loidhne agus aghaidh ri aghaidh a tha gan ruith le Sabhal Mòr Ostaig agus UHI Tuath, an Iar agus Innse Gall.	✓	✓	✓	✓	UHI Inbhir Nis
5	Obraichidh sinn le UHI Inbhir Nis gus Plana Cultarach Gàidhlig a chruthachadh feuch am bi UHI Inbhir Nis mar àite airson tachartasan cultarach Gàidhlig an sgìrean Inbhir Nis, a bhrosnachadh com-pàirteachadh is mac-meanmna sa chànan agus na h-eileamaidean cultarach a bhuineas dhi. Thathar am fiughair gum bi seo air an aon ràmh ri cothroman ionnsachadh Gàidhlig sa choimhearsnachd an sgìre Inbhir Nis, agus daoine a bhith a' leantainn orra chun a' phortfòilio làithrich againn de chùrsaichean nas susbaintiche air-loidhne agus aghaidh ri aghaidh a tha gan ruith tro Shabhal Mòr Ostaig agus UHI Tuath, an Iar agus Innse Gall.	✓	✓	✓	✓	UHI Inbhir Nis

1. Teagasg, ionnsachadh, rannsachadh is iomlaid eòlais

	Commitment	2023	2024	2025	2026	Lead
6	Leanaidh Sabhal Mòr Ostaig agus UHI Tuath, an Iar agus Innse Gall orra a bhith ag ath-sgrùdadh is a' dealbhadh cùrsaichean digiteach ùra sa Ghàidhlig, mar eisimpleir tionndadh air-loidhne de dh'Ùlpan, agus obair a bhios co-cheangailte ris an iomairt 'Speak Gaelic'.	✓	✓	✓	✓	Sabhal Mòr Ostaig UHI Tuath, an Iar agus Innse Gall
7	Sna h-Eileanan Siar, neartaichidh sinn an com-pàirteachas a th' againn ri Ceòlas.	✓	✓	✓	✓	UHI Tuath, an Iar agus Innse Gall
8	Ath-dhealbhadh sinn na ceuman fo-cheuma san sgeama Ghàidhlig is chuspairean co-cheangailte feuch an toirear fàs air àireamhan nan oileanach ann an Sabhal Mòr Ostaig agus UHI Tuath, an Iar agus Innse Gall.	✓				Cathraiche, an sgeama Ghàidhlig agus chuspairean co-cheangailte; ceannard lionra chuspairean na Gàidhlig
9	Gus meudachadh a thoirt air àireamh an luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig a tha a' teagasg ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, nì sinn ùrachadh is ath-fhòcasachadh air a' mhargaideachd airson prògram an dioplòma phroifeiseanta do cheumnaichean againn ann am foghlam (tro mheadhan na Gàidhlig), a' dèanamh feum de mheadhanan sòisealta leithid Facebook agus Twitter, agus fios ga chur chun Bhòrd na Gàidhlig agus Foghlam Alba gus am pàirtich iad fiosrachadh agus gus an toir iad ath-iomradh air Twitter. Thèid am prògram a shanasachadh cuideachd tro LUIG (Lìonra nan Ùghdarrasan Ionadail Ghàidhlig) gus an amaisear air daoine a dh'fhaodadh a bhith nan tagraichean a tha ag obair ann an dreuchdan eile ann am foghlam.	✓	✓	✓	✓	Ceannard foghlam luchd-teagaisg Shabhal Mòr Ostaig; ceannard foghlam luchd-teagaisg; ceannard lionra chuspairean na Gàidhlig
10	Obraichidh sinn ann an com-pàirteachas le Bòrd na Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar, agus Comhairle Earra-Ghàidheil is Bhòid gus co-iomairt a chruthachadh agus a chur an gnìomh a bheir àrdachadh air àireamh nan tagraidhean airson an ullachadh againn ann am Foghlam Luchd-teagaisg tro Mheadhan na Gàidhlig. Cruthaichidh sinn plana gus neartachadh a thoirt air na cothroman a th' ann an-dràsta air ullachadh FTLT tro Mheadhan na Gàidhlig (PGDE) taobh a-muigh UHI Tuath, an Iar agus Innse Gall agus Sabhal Mòr Ostaig, a' gabhail a-steach UHI Earra-Ghàidheil, UHI Inbhir Nis, UHI Peairt.		✓	✓	✓	Ceannard foghlam luchd-teagaisg Shabhal Mòr Ostaig; ceannard foghlam luchd-teagaisg; ceannard lionra chuspairean na Gàidhlig
11	Cuiridh sinn barrachd cudrom air àite na Gàidhlig ann am poileasaidh cànanain nàiseanta sa phrògram PGDE bun-sgoile tro mheadhan na Beurla o 2021- 22, agus tairgidh sinn taic a bharrachd do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.	✓	✓	✓	✓	Ceannard foghlam luchd-teagaisg Shabhal Mòr Ostaig; ceannard foghlam luchd-teagaisg; ceannard lionra chuspairean na Gàidhlig

1. Teagasg, ionnsachadh, rannsachadh is iomlaid eòlais

	Commitment	2023	2024	2025	2026	Lead
12	Oibrichidh sinn a dh'ionnsaigh PGDE pàirt-ùine ùr tro mheadhan na Gàidhlig, a bheir leudachadh air a' chothrom a th' ann do thagraichean a tha ag iarraidh teagasg ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.	✓	✓			Ceannard foghlam luchd-teagaisg Shabhal Mòr Ostaig; ceannard foghlam luchd-teagaisg; ceannard lionra chuspairean na Gàidhlig
13	Stèidhichidh sinn slighe fho-cheum ceithir bliadhna ùr do luchd-teagaisg bun-sgoile agus àrd-sgoile ann an 2023 gus am bi slighe dhìreach a-steach do dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann dhaibhsan a tha a' fàgail na sgoile agus ag atharrachadh an dreuchd.	✓				Ceannard foghlam luchd-teagaisg Shabhal Mòr Ostaig; ceannard foghlam luchd-teagaisg; ceannard lionra chuspairean na Gàidhlig
14	Stèidhichidh sinn MEd ùr ann am Foghlam Gàidhlig ann an 2023. Thèid am prògram seo a theagasg agus a mheasadh anns a' Ghàidhlig agus e a' tairgsinn structar nàiseanta do gach uile neach-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig a bhith a' gabhail pàirt ann an ionnsachadh dreuchdail fad an cùrsa-obrach.	✓				Ceannard foghlam luchd-teagaisg Shabhal Mòr Ostaig; ceannard foghlam luchd-teagaisg; ceannard lionra chuspairean na Gàidhlig
15	Obraichidh sinn le Sabhal Mòr Ostaig, UHI Tuath, an Iar agus Innse Gall ann a bhith a' toirt leudachadh air an fharsaingeachd de phrògraman creideasachta Gàidhlig air an dealbhadh airson farsaingeachd mhòr de dh'àrainneachdan àite obrach, le cudrom sònraichte air coimhearsnachdan eileanach is dùthchail, a' gabhail a-steach a bhith a' dealbhadh farsaingeachd de phreantasachdan bun-ìre agus preantasachdan ùr-nòsach taobh a-staigh den Ghàidhlig, le taic o Leasachadh Sgilean na h-Alba.	✓	✓	✓	✓	UHI Tuath, an Iar agus Innse Gall, Sabhal Mòr Ostaig
16	Bheir sinn taic do Shabhal Mòr Ostaig a bhith a' neartachadh an ullachaidh aige tro mheadhan na Gàidhlig do phroifeiseantaich slàinte, bhliadhnaichean tràthail agus cùram cloinne, a' gabhail a-steach ullachadh SVQ agus teisteanasan creideasachta eile ann am bliadhnaichean tràthail/ cùram cloinne. Cruthaichidh sinn prògram de chùrsaichean goirid do luchd-obrach cùraim/luchd-obrach slàinte/ luchd-obrach bhliadhnaichean tràthail, a' toirt aire gu sònraichte air ullachadh sna h-Eileanan Siar.	✓				Stiùiriche foghlaim Shabhal Mòr Ostaig; ceannardan lionraidhean chuspairean UHI Tuath, an Iar agus Innse Gall

1. Teagasg, ionnsachadh, rannsachadh is iomlaid eòlais

	Commitment	2023	2024	2025	2026	Lead
17	<p>Leasaichidh sinn an t-ullachadh againn aig ìre ceuma gus a' Ghàidhlig a neartachadh tarsainn a' churraicealaim foghlaim àrd-ìre le bhith:</p> <p>i. A' leudachadh an raoin de phrògraman a tha a' tabhann 'Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh' mar roghainn far a bheil fianais air iarratas le oileanaich, mar a mheasar tro àireamh nan oileanach a chlàraich roimhe airson prògraman sònraichte.</p> <p>ii. A' stèidheachadh mothachadh air a' Ghàidhlig ann am farsaingeachd nas motha de phrògraman, gu h-àraidh san ullachadh foghlam àrd-ìre againn sna gnìomhachasan cruthachail.</p>		✓			Ceannardan prògram; ceannardan lìonraidhean chuspairean; deadhan nan ealain, nan daonnachdan agus gnothachais
18	San ullachadh foghlam treas ìre againn ann an turasachd is dualchas, agus a' togail air pileat soirbheachail, ruithidh sinn cùrsaichean goirid ann an Gàidhlig agus turasachd is dualchas a chuireas ri profaidhl a' churraicealaim againn agus a neartaicheas faicsinneachd na Gàidhlig.		✓			Ceannardan prògram; ceannardan lìonraidhean chuspairean; deadhan nan ealain, nan daonnachdan agus gnothachais
19	Ann am prògraman ìre ceuma Gàidhlig, nì sinn cinnteach gun tèid Gàidhlig a chleachdadh ann an sgrìobhainnean fèin-mheasaidh phrògraman is mhodalan agus sa phròiseas bùird dheuchainnean airson na Gàidhlig.	✓	✓	✓	✓	Ceannard an sgeama Ghàidhlig is chuspairean co-cheangailte; neach-clàraidh acadaimigeach
20	Thèid geàrr-chunntas air dàta measaidh a thaobh àireamhan oileanaich foghlam adhartach is àrd-ìre agus coileanadh oileanaich air cùrsaichean Gàidhlig aithris do chomataidhean iomchaidh gach bliadhna airson ath-sgrùdadh is gnìomhachadh.	✓	✓	✓	✓	Ceannard an sgeama Ghàidhlig is chuspairean co-cheangailte agus ceannardan prògram iomchaidh taobh a-staigh den lìonra chuspairean

1. Teagasg, ionnsachadh, rannsachadh is iomlaid eòlais (a' leantainn)

A bhith a' neartachadh àite is faicsinneachd na Gàidhlig agus am feum a nithear dhith ann am bun-ghnothach teagaisg, ionnsachaidh, rannsachaidh is iomlaid eòlais UHI, a' gabhail a-steach dealas a bhith a' dol an co-luadar gu for-ghnìomhach ris na coimhearsnachdan Gàidhlig traidiseanta.

Raon ri a leasachadh: rannsachadh is iomlaid eòlais

Toradh: A bhith a' cur gu h-iomlan ris an stòras eòlais a thaobh a h-uile h-eileamaid den Ghàidhlig agus a cultar

Prìomh thargaid: Ri linn rèis a' phlana meudachadh an àireamh nan oileanach rannsachaidh a tha ag ionnsachadh airson cheuman rannsachaidh sa Ghàidhlig.

Ceanglaichean ris na h-amasan àrd-ìre mar a chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig

✚ Adhartachadh a dhèanamh air na toraidhean rannsachaidh a thaobh na Gàidhlig a thig à Sabhal Mòr Ostaig agus Institiud nan Saidheansan Cànain.



1. Teagasg, ionnsachadh, rannsachadh is iomlaid eòlais (a' leantainn)

	Commitment	2023	2024	2025	2026	Lead
21	Agus sinn ag obair le prìomh chom-pàirtichean is luchd-ùidhe, cuiridh sinn a-mach farsaingeachd mhòr de thoraidhean rannsachaidh is iomlaid eòlais buadhach ann an iomadh eileamaid den Ghàidhlig agus a cultar, a' gabhail a-steach rinn dealan sòiseo-chànanach, sòiseo-eaconamach, cultarach is eachdraidheil.	✓	✓	✓	✓	Sabhal Mòr Ostaig, stiùiriche rannsachaidh; stiùiriche institiud nan saidheansan cànan
22	Agus sinn ag obair le prìomh luchd-ùidhe, gabhaidh sinn os làimh farsaingeachd de rannsachadh a thaobh chleachdadh na Gàidhlig ann an sgìrean far a bheil a' Ghàidhlig ga bruidhinn gu traidiseanta, mar eisimpleir a' sgrùdadh mar a ghabhas cleachdadh na Gàidhlig neartachadh san eadar-ghluasad eadar an teaghlach, foghlam, a' choimhearsnachd agus an fheachd-obrach.	✓	✓	✓	✓	Sabhal Mòr Ostaig, stiùiriche rannsachaidh; stiùiriche institiud nan saidheansan cànan
23	Cuiridh sinn ri àireamh nan oileanach air ceuman rannsachaidh sa Ghàidhlig aig Sabhal Mòr Ostaig, UHI Tuath, an Iar agus Innse Gall agus ann an institiud nan saidheansan cànan ri linn rèis a' phlana seo.	✓	✓	✓	✓	Stiùiriche rannsachaidh Shabhal Mòr Ostaig; stiùiriche institiud nan saidheansan cànan; deadhan an rannsachaidh; ceannard na sgoile cheumnaichean
24	Cuiridh sinn crìoch air ullachaidhean tòiseachail mar bhunait do thagradh Gàidhlig de chàileachd àrd san ath eacarsaich measadh rannsachaidh nàiseanta, a tha sa bheirt an-dràsta airson 2027. Bidh iad sin a' gabhail a-steach cothroman leasachadh luchd-obrach, sgeama sàbaideach a bhith air a thoirt a-steach gus an ullachadh luchd-obrach toraidhean rannsachaidh a bhios air thoiseach aig an ìre chruinneil agus taic airson glacadh thabhartasan.	✓	✓	✓	✓	Iar-phrionnsapal (rannsachaidh is buaidhe) Sabhal Mòr Ostaig; stiùiriche institiud nan saidheansan cànan
25	Stiùiridh is taicidh sinn institiud nan saidheansan cànan agus nì sinn cinnteach gum bi targaidean aontaichte airson thoraidhean rannsachaidh air an liubhairt an com-pàirteachas ri Comhairle Maoinachaidh na h-Alba.	✓	✓	✓	✓	Director of language sciences institute/director of Soillse

2. Na dh'fhiosraicheas oileanaich

A bhith a' dèanamh cinnteach gum bi na dh'fhiosraicheas oileanaich a' daingneachadh a' phrionnsapail de dh'urram co-ionann don Ghàidhlig is don Bheurla

Raon ri a leasachadh: na dh'fhiosraicheas oileanaich

Toradh: Gum bi mothachadh aig oileanaich is alumni UHI air fad air UHI mar stèidheachd dhà-chànanach

Prìomh thargaid: Ri linn rèis a' phlana meudachadh an àireamh nan oileanach a tha ag ionnsachadh airson theisteanasan a tha stèidhichte air obair agus a bhuineas ri obair a' dèanamh feum den Ghàidhlig, a' gabhail a-steach ann am preantasachdan bun-ìre agus ùr-nòsach

Ceanglaichean ris na h-amasan àrd-ìre mar a chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig:

- + Urram co-ionann: gealltanasan sa phlana Ghàidhlig air an coileanadh gu ìre cho-ionann san dà chuid Gàidhlig agus Beurla.
- + Pàrantachd chorpóra: gu bheil UHI mothachail air dleastanasan pàrant corpóra a bhith a' dèanamh cinnteach gum faigh clann is daoine òga fo chùram agus luchd-fàgail cùram le Gàidhlig na h-aon chothroman 's a gheibh an fheadhainn aig a bheil cànanan eile.
- + Cuideachadh le bhith a' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh UHI agus tarsainn chom-pàirteachas UHI ann an suidheachaidhean foirmeil agus neo-foirmeil.



2. Na dh'fhiosraicheas oileanaich

	Commitment	2023	2024	2025	2026	Lead
26	A' togail air geallaidhean a rinneadh cheana, bheir sinn leudachadh air an fharsaingeachd de dhuilleagan-lìn is stuthan taice do dh'oileanaich a tha ri am faotainn sa Ghàidhlig.	✓	✓	✓	✓	Deadhan eòlas oileanaich
27	Bidh fiosrachadh is goireasan comhairle a thaobh dhreuchdan is so-fhastachd fhathast ri am faotainn sa Ghàidhlig.	✓	✓	✓	✓	Deadhan eòlas oileanaich
28	Thèid sinn gu for-ghnìomhach an co-luadar ri Comann Oileanaich na Gàidhealtachd agus nan Eilean (HISA) agus e a' dealbhadh is a' cur an gnìomh a' phlana is nam poileasaidhean Gàidhlig aige fhèin.	✓	✓	✓	✓	Àrd-oifigear gnìomha HISA; ceann-suidhe HISA; Deadhan eòlas oileanaich
29	Nì sinn cinnteach gum bi fhios aig a h-uile h-oileanach gun gabh ball-acainn fios-air-ais a' 'Phutain Dheirg' uisneachadh tro mheadhan na Gàidhlig.	✓	✓	✓	✓	Deadhan eòlas oileanaich
30	Nì sinn cinnteach gu for-ghnìomhach gum bi fhios aig oileanaich gun gabh modhan-obrach ghearanan agus ath-thagraidhean acadaimigeach uisneachadh tro mheadhan na Gàidhlig.	✓	✓	✓	✓	Deadhan eòlas oileanaich

2. Na dh'fhiosraicheas oileanaich

	Commitment	2023	2024	2025	2026	Lead
31	Leanaidh sinn oirnn a bhith a' solar tionndadh Gàidhlig ri a luchdachadh a-nuas den fhoirm tagraidh do dh'oileanaich agus gabhaidh sinn ri tagraidhean dìreach gu UHI sgrìobhte sa Ghàidhlig airson a h-uile cùrsa, a' gabhail a-steach ar cùrsaichean Gàidhlig.	✓	✓	✓	✓	Deadhan eòlas oileanaich; stiùiriche trusadh is toirt a-steach oileanaich
32	Siridh sinn taic bho luchd-tabhartais do dh'oileanaich Ghàidhlig is feuchaidh sinn ri duaisean ùra fhosgladh do thagraidhean Gàidhlig.	✓	✓	✓	✓	Stiùiriche leasachaidh agus com-pàirteachadh alumni
33	Mar phàrant corporra, nì UHI cinnteach gum bi cothroman aig clann agus daoine òga air fad a tha fo chùram, agus luchd-fàgail cùraim le Gàidhlig, air Gàidhlig a chleachdadh nan eadar-obrachadh le UHI.	✓	✓	✓	✓	Deadhan eòlas oileanaich

3. Conaltraidhean corporra

A bhith ag adhartachadh fèin-aithne dhà-chànanach UHI.

Raon ri a leasachadh: conaltraidhean corporra

Toradh: bidh na rèiteachaidhean a thaobh chonaltraidhean corporra a' cur fèin-aithne Ghàidhlig an cèill gu làidir

Ceanglaichean ris na h-amasan àrd-ìre mar a chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig:

- + Treas pàrtaidhean: a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil buidhnean-gnìomha tacan às agus cunnradair eile a' cuideachadh le libhrigeadh a' phlana Ghàidhlig.
- + Àbhaisteachadh: bithear ag àbhaisteachadh gheallaidhean a' phlana Ghàidhlig taobh a-staigh structaran UHI ri ùine, agus sìor mheasadh ga dhèanamh air cothroman a bhith a' toirt fàs air a' Ghàidhlig taobh a-staigh nam buidseatan a th' ann mar-thà.
- + Suaicheantas: amas a bhith ann an suaicheantas corporra a chur san dà chuid Ghàidhlig agus Beurla aig a' chiad chothrom agus mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.
- + Sanasan: bidh Ghàidhlig agus Beurla air na sanasan follaiseach mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.
- + Brosnachadh: teachdaireachd dheimhinneach gu bheil fàilte an-còmhnaidh air conaltradh bhon phoball sa Ghàidhlig.
- + Conaltradh sgrìobhte: gabhar an-còmhnaidh ri conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) agus gheibhear freagairtean sa Ghàidhlig a rèir a' phoileasaidh choitcheinn.
- + Fàilteachas agus fòn: far a bheil luchd-obrach le Gàidhlig comasach air an t-seirbheis seo a thoirt seachad, gheibh iad taic gus sin a dhèanamh agus thèid an t-seirbheis a shanasachadh don phoball.
- + Coinneamhan poblach: bithear a' rannsachadh agus a' brosnachadh chothroman gus coinneamhan poblach a chumail san dà chànan no sa Ghàidhlig gu cunbhalach.
- + Brathan-naidheachd: bidh brathan-naidheachd àrd-fhollaiseachd agus a h-uile brath-naidheachd co-cheangailte ris a' Ghàidhlig air an cur a-mach an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.
- + Na meadhanan sòisealta: susbaint Ghàidhlig air a sgaoileadh gu cunbhalach tro na meadhanan sòisealta, a rèir àireamhan an luchd-chleachdaidh a th' ann agus a dh'fhaodadh a bhith ann.
- + Làrach-lìn: bu chòir susbaint Ghàidhlig a bhith ri a faotainn air làrach-lìn UHI, agus cuideam ga chur air na duilleagan as fhaide a ruigeas.
- + Foillseachaidhean corporra: air an dèanamh ann an Ghàidhlig agus Beurla, agus prìomhachas ga thoirt dhaibhsan as fhaide a ruigeas.
- + Taisbeanaidhean: bu chòir sgrùdadh a dhèanamh gu cunbhalach air cothroman taisbeanaidhean poblach a libhrigeadh gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig, agus prìomhachas ga thoirt dhaibhsan as motha comas buaidh a bhith aca.
- + Thèid na Gnàthasan Litreachaidh Ghàidhlig as ùire a leantainn a thaobh gach stuth sgrìobhte a chruthaicheas an t-oilthigh.
- + Bithear a' sireadh agus a' cleachdadh comhairle mu ainmean-àite Ghàidhlig bho Ainmean-Àite na h-Alba.
- + Cuideachadh le bhith a' toirt fàs air cleachdadh na Ghàidhlig taobh a-staigh UHI agus tarsainn chom-pàirteachais UHI ann an suidheachaidhean foirmeil agus neo-fhoirmeil.

3. Conaltraidhean corporra

	Commitment	2023	2024	2025	2026	Lead
34	Nì sinn cinnteach gum bi an suaicheantas dà-chànanach againn ga chleachdadh air a' phrìomh làrach-lìn againn agus gum bi barrachd feuma air a dhèanamh den Ghàidhlig sa chonaltradh chorporra againn.	✓	✓	✓	✓	Stiùiriche chonaltraidhean corporra
35	Bidh a' phàipearachd chorporra againn, a' gabhail a-steach cinn-litreach, bileagan-dùrachd is cairtean gnothachais, làn dà-chànanach fhathast.	✓	✓	✓	✓	Stiùiriche chonaltraidhean corporra
36	Tha suaicheantasan UHI ri am faotainn ann an cruthan Gàidhlig a-mhàin, dà-chànanach agus Beurla a-mhàin mar as iomchaidh. Tha mòran an com-pàrteachas UHI an dèidh gabhail ris a' chruth dhà-chànanach, gu sònraichte air sanasan, agus cumaidh sinn oirnn gan taiceadh is gam brosnachadh a bhith a' dèanamh sin.	✓	✓	✓	✓	Stiùiriche chonaltraidhean corporra; prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
37	An àm sanasan a bhith gan cur nan àite an toiseach no gan ath-nuadhachadh, a' gabhail a-steach sanasan is taisbeanaidhean digiteach agus sanasan sealach, cuiridh sinn sanasan làn dà-chànanach nan àite air làraichean a bhuineas do UHI no a tha air an gabhail air aonta aig UHI. Tha cuid de na com-pàirtichean acadaimigeach an dèidh gabhail ri poileasaidh shanasan dà-chànanach, agus cumaidh UHI air a' taiceadh is a' brosnachadh a' chleachdaidh seo. Nì sinn cinnteach gum bi sanasan dà-chànanach air an suidheachadh air àrainnean nan com-pàirtichean acadaimigeach air fad ann an coimhearsnachdan traidiseanta na Gàidhlig. <i>*ach a-mhàin sna h-Eileanan a Tuath</i>	✓	✓	✓	✓	Iar-phrionnsapal obrachaidhean; prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
38	Nì sinn cinnteach gun toirear aire shònraichte fhathast do dh'àite agus cudromachd na Gàidhlig ann an leasachaidhean rùnaichte a thaobh branndadh is suidheachadh co-cheangailte ris an dà chuid fèin-aithne UHI, agus far am bi e iomchaidh fèin-aithne nan com-pàirtichean fa leth.	✓	✓			Stiùiriche chonaltraidhean corporra

3. Conaltraidhean corporra

	Commitment	2023	2024	2025	2026	Lead
39	Tha an luchd-obrach beul-taighe air fad an dèidh trèanadh Gàidhlig fhaotainn is bidh iad a' cur fàilte air luchd-tadhail sa Ghàidhlig, agus tha gnothach dà-chànanach air prìomh shuids-chlàr UHI do dhaoine a chuireas fòn taobh a-muigh de dh'uairean. Thèid luchd-tadhail a tha ag iarraidh leantainn orra a' conaltradh sa Ghàidhlig a stiùireadh fhathast a dh'ionnsaigh ball freagarrach den luchd-obrach.	✓	✓	✓	✓	Iar-phrionnsapal obrachaidhean
40	Nì sinn cinnteach fhathast gun toirear freagairt sa Ghàidhlig air post agus puist-d a gheibhear sa Ghàidhlig.	✓	✓	✓	✓	Stiùiriche chonaltraidhean corporra
41	Is ann dà-chànanach a bhios conaltraidhean ri luchd-obrach, oileanaich agus alumni fhathast uair sam bith a bhios sin so-dhèanta agus iomchaidh.	✓	✓	✓	✓	Stiùiriche chonaltraidhean corporra; deadhan eòlas oileanaich; stiùiriche leasachaidh agus com-pàirteachadh alumni
42	Bidh co-dhiù aon tachartas tro mheadhan na Gàidhlig sa phrògram thachartasan againn anns gach bliadhna acadaimigeach.	✓	✓	✓	✓	Stiùiriche chonaltraidhean corporra
43	Nì sinn cinnteach fhathast gum bi na stuthan taisbeanaidh againn air fad dà-chànanach agus thèid an cleachdadh seo a bhrosnachadh air feadh a' chom-pàirteachais acadaimigich.	✓	✓	✓	✓	Stiùiriche chonaltraidhean corporra; Stiùiriche leasachaidh agus com-pàirteachadh alumni
44	Thèid a h-uile brath-naidheachd a chur a-mach gu dà-chànanach far am bi sin so-dhèanta agus iomchaidh.	✓	✓	✓	✓	Stiùiriche chonaltraidhean corporra
45	Bheir sinn taic do luchd-obrach gus an tèid againn air labhraiche Gàidhlig a thairgsinn airson agallamhan sna meadhanan uair sam bith a ghabhas agus tarraingidh sinn aire air an luchd-obrach seo tron t-seirbheis shàr-eòlaichean mheadhanan againn.	✓	✓	✓	✓	Stiùiriche chonaltraidhean corporra

3. Conaltraidhean corporra

	Commitment	2023	2024	2025	2026	Lead
46	Thèid na foillseachaidhean corporra againn a chur a-mach gu dà-chànanach, cho fhad is a bhios dèantach.	✓	✓	✓	✓	Stiùiriche chonaltraidhean corporra
47	Thèid stuthan oifis alumni is leasachaidh UHI a chur a-mach gu dà-chànanach, a' gabhail a-steach duilleagan-lìn, litrichean-naidheachd-d agus stuth clò-bhuailte sam bith.	✓	✓	✓	✓	Stiùiriche leasachaidh agus com-pàirteachadh alumni
48	Nì sinn cinnteach fhathast gum bi stuthan sanasachd airson chùrsaichean tro mheadhan na Gàidhlig, a' gabhail a-steach ann an leabhar-iùil UHI, air an cur a-mach ann an cruth Gàidhlig a-mhàin no dà-chànanach.	✓	✓	✓	✓	Stiùiriche trusadh is toirt a-steach oileanaich
49	Bheir sinn leudachadh air an fheum a nì sinn de mheadhanan sòisealta gus am bi barrachd follaiseachd don Ghàidhlig agus gnìomhachdan a bhuineas ris a' Ghàidhlig a tha a' dol air feadh UHI. Gabhaidh seo a-steach susbaint a nithear le oileanaich, postaidhean, blogaichean is bhideothan.	✓	✓			Stiùiriche chonaltraidhean corporra
50	Nì sinn feum de dh'anailiseachd lìn gus an comharraich sinn duilleagan a tha nam prìomhachas airson eadar-theangachadh air an làrach-lìn againn, agus fiosrachadh mu ionnsachadh na Gàidhlig, ullachadh tro mheadhan na Gàidhlig agus cùisean Gàidhlig ri a chur air thoiseach.	✓	✓	✓	✓	Stiùiriche chonaltraidhean corporra
51	Bheir sinn prìomhachas do shusbaint fhollaiseach is iomchaidh ri a taisbeanadh gu dà-chànanach air làrach-lìn UHI.	✓	✓	✓	✓	Stiùiriche chonaltraidhean corporra

4. Luchd-obrach

A bhith a' brosnachadh is a' taiceadh an luchd-obrach air fad, ge sam bith dè an dreuchd, agus ge sam bith càit a bheil iad air am fastadh an com-pàirteachas an oilthigh, a bhith a' togail is a' leasachadh sgilean Gàidhlig.

Raon ri a leasachadh: leasachadh luchd-obrach agus trusadh luchd-obrach

Toradh: Bidh àrdachadh an àireamh an luchd-obrach a dh'ionnsaicheas agus a chleachdas a' Ghàidhlig

Key targets: Meudachadh o bhliadhna gu bliadhna an àireamh an luchd-obrach air feadh a' chom-pàirteachais acadaimigich againn a tha ag ionnsachadh Gàidhlig, a' gabhail a-steach a bhith a' dol an sàs san ullachadh againn a thaobh mothachadh air a' Ghàidhlig.

Ceanglaichean ris na h-amasan àrd-ìre mar a chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig:

- + In-sgrùdadh: in-sgrùdadh a dhèanamh air sgilean Gàidhlig agus feumalachdan trèanaidh tro rèis gach plana.
- + Trèanadh-inntrigidh: eòlas air a' phlana Ghàidhlig mar phàirt de thrèanadh-inntrigidh luchd-obrach ùr.
- + Trèanadh cànan: trèanadh agus leasachadh sgilean Gàidhlig ga thabhann don luchd-obrach, gu sònraichte a thaobh a bhith a' cur a' phlana Ghàidhlig an gnìomh.
- + Trèanadh mothachaidh: trèanadh mothachaidh air a' Ghàidhlig ga thabhann do luchd-obrach, agus prìomhachas ga thoirt do stiùirichean, buill a' bhùird, comhairlichean agus luchd-obrach a bhios ann an conaltradh dìreach ri oileanaich.
- + Trusadh luchd-obrach: a bhith ag aithneachadh agus a' toirt spèis do sgilean Gàidhlig sa phròiseas trusaidh. Gàidhlig air a h-ainmeachadh mar sgil riatanach agus/no ion-mhiannaichte ann an tuairisgeulan obrach gus am plana Gàidhlig a libhrigeadh agus a rèir comhairle trusaidh Bhòrd na Gàidhlig. Sanasan obrach dà-chànanach no Gàidhlig a-mhàin airson gach dreuchd far a bheil a' Ghàidhlig na sgil riatanach.
- + Cuideachadh le bhith a' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig tarsainn a chom-pàirteachas UHI ann an suidheachaidhean foirmeil agus neo-foirmeil.

4. Luchd-obrach

	Commitment	2023	2024	2025	2026	Lead
52	Bheir sinn leudachadh air na cothroman airson Gàidhlig ionnsachadh agus mothachadh air a' Ghàidhlig do luchd-obrach, buill chùirt an oilthigh agus a' bhùird agus luchd-obrach Chomann Oileanaich na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Bheir sinn taic dha seo le bhith a' cruthachadh modail maoinachaidh iomchaidh do luchd-obrach.	✓	✓	✓	✓	Cathraiche, Comataidh na Gàidhlig
53	Brosnaichidh sinn ar luchd-obrach a bhith a' beachdachadh air leasachadh nan sgilean cànan Gàidhlig aca mar phàirt de na h-ath-sgrùdaidhean leasachaidh bliadhnail aca a rèir mar a bhios iomchaidh.	✓	✓	✓	✓	Buidheann nan gnàthaichearan ghoireasan daonna; stiùiriche ghoireasan ro-innleachdail na buidhne agus ghoireasan daonna
54	Leanaidh sinn oirnn a' solar is ag ùrachadh goireas Gàidhlig eadar-obrachail air-loidhne (Gàidhlig dhutsa) a bhios ann don luchd-obrach is na h-oileanaich air fad. Bithear a' stiùireadh luchd-obrach chun làrach-lìn Speak Gaelic airson tuillidh chothroman ionnsachaidh.	✓	✓	✓	✓	Stiùiriche chonaltraidhean corporra
55	Bheir sinn cuideachadh do luchd-obrach agus oileanaich air feadh a' chom-pàirteachais a bhith a' cleachdadh Gàidhlig uair sam bith a ghabhas, mar eisimpleir eàrr-sgrìobhaidhean puist-d agus teachdaireachdan air falbh on oifis.	✓	✓	✓	✓	Stiùiriche chonaltraidhean corporra; prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
56	Nì sinn sgrùdadh sgilean luchd-obrach, a thomhas comas is cleachdadh na Gàidhlig am measg luchd-obrach agus a bhith mar bhunait airson leasachadh sgilean cànan sa Ghàidhlig san àm ri teachd.			✓		Ceannard ghoireasan daonna; buidheann nan gnàthaichearan ghoireasan daonna
57	Nì sinn cinnteach gum bi stuthan trusaidh airson dreuchdan ùra aig UHI a' comharrachadh comas sa Ghàidhlig mar sgil ion-mhiannaichte. Nì sinn cinnteach gun tèid co-dhiù aon dreuchd ùr le Gàidhlig mar sgil riatanach a chomharrachadh no a chruthachadh taobh a-staigh rèis an deasachaidh seo den phlana.	✓	✓	✓	✓	Buidheann nan gnàthaichearan ghoireasan daonna; stiùiriche ghoireasan ro-innleachdail na buidhne agus ghoireasan daonna
58	Nì sinn cinnteach gum bi dreuchdan far a bheil comas sa Ghàidhlig air a chomharrachadh a bhith riatanach air an sanasachadh gu dà-chànanach agus gun cumar agallamhan air an son tro mheadhan na Gàidhlig.	✓	✓	✓	✓	Buidheann nan gnàthaichearan ghoireasan daonna; stiùiriche ghoireasan ro-innleachdail na buidhne agus ghoireasan daonna

Cur-an-gnìomh agus dearcnachadh

Clàr-ama

Fanaidh am plana Gàidhlig seo an grèim gu foirmeil fad cheithir bliadhna on cheann-latha air an deach aontachadh le Bòrd na Gàidhlig. Aig deireadh na h-ùine sin aig a' char as fhaide, nì sinn ath-sgrùdadh air a' phlana, nì sinn atharrachaidhean sam bith air am bi feum is cuiridh sinn fa chomhair Bhòrd na Gàidhlig e ri aontachadh. Tha UHI an dèidh cinn-latha targaid fa leth a chur sìos airson gach gealladh àireamhaichte sa phlana.

Am plana a chur am follais

Thèid am plana Gàidhlig againn fhoillseachadh gu dà-chànanach ann an àite follaiseach air an làraich-lìn againn. A bharrachd air sin, cruthaichidh sinn ro-innleachd agus plana dhàimhean poblach airson taic a thoirt do a fhoillseachadh. Gabhaidh seo a-steach:

- + Brath-naidheachd a' foillseachadh gu bheil am plana air aontachadh is air a chur a-mach
- + Postaidhean sna meadhanan sòisealta air caochladh ùrlaran
- + Agallamhan sna meadhanan ri an tairgsinn sa Ghàidhlig agus sa Bheurla, a rèir mar a bhios iomchaidh
- + Fiosrachadh do luchd-obrach, oileanaich is luchd-ùidhe mun phlana ùr agus mar a ghabhas e faicinn

An co-chòrdadh ri deagh chleachdadh, cha riarach sinn leth-bhreacan pàipeir den phlana, ach brosnachidh sinn luchd-ùidhe a bhith ag amharc air air-loidhne. Air a shon sin, bheir sinn freagairt dheimhinneach ma thèid leth-bhreac pàipeir den phlana iarraidh gu sònraichte.

Aontachadh a' phlana

Is e poileasaidh UHI a tha sa phlana seo agus chaidh aontachadh le Comataidh na Gàidhlig, comhairle a' chom-pàirteachais, a' chomhairle acadaimigeach, agus cùirt UHI.

An t-uallach coitcheann

Is ann air a' phrionnsapal is iar-sheansalair a bhios an t-uallach coitcheann airson dèanamh cinnteach gun coilean UHI na geallaidhean a tha air an cur an cèill sa phlana seo. Tha stiùireadh ro-innleachdail chur-an-gnìomh a' phlana air a chur fo chùram an leas-phrionnsapail (acadaimigeach is rannsachaidh) ann an co-obrachadh dlùth le prionnsapal Shabhal Mòr Ostaig.

Tha uallach air ar com-pàirtichean acadaimigeach, gu sònraichte Sabhal Mòr Ostaig agus UHI Tuath, an Iar agus Innse Gall, airson grunn ghnìomhan sa phlana a thoirt air adhart, gu h-àraidh a thaobh teagasg, ionnsachadh agus rannsachadh ann am foghlam àrd-ìre. Leis gu bheil na gnìomhan seo gu ìre mhòr air an comasachadh le airgead bho Chomhairle Mhaoineachaidh na h-Alba, air a sheòladh tro UHI agus UHI cunntachail air a shon, tha ullachadh ann airson sgrùdadh bliadhnaile air an fheum a nithear den airgead seo tron chom-pàirteachas acadaimigeach againn.

Cur-an-gnìomh agus dearcnachadh

Buill den luchd-obrach

Tha UHI air a dhèanamh suas de chaochladh fhastaichean fa leth agus mar sin bidh na rèiteachaidhean mionaideach airson cur-an-gnìomh eadar-dhealaichte tarsainn chom-pàirteachas UHI. Thèid fios a thoirt do luchd-obrach mu na dleasan aca tro chaochladh mhodhan-conaltraidh taobh a-staigh den bhuidhinn. Tha dleasnas sònraichte aig manaidsaran loidhne a bhith cinnteach gum bi iad a' conaltradh ris an luchd-obrach aca airson taic a thoirt do chur-an-gnìomh nan geallaidhean sa phlana.

Seirbheisean a bhios gan liubhairt le treas pàrtaidhean

Nuair a dh'oilbricheas sinn le buidhnean air an taobh a-muigh, bheir sinn fios dhaibh mun phlana Ghàidhlig agus feuchaidh sinn gun toir iad aire do phrionnsapalan a' phlana, a rèir mar a bhios iomchaidh.

Stòrasan a sholar airson a' phlana

Nì sinn cinnteach gum bi maoineachadh gu leòr na àite gach bliadhna a choinneachadh ris na geallaidhean a rinn sinn fon phlana. Far a bheil feum air maoineachadh a bharrachd, mar thoradh air cur-an-gnìomh a' phlana, uair sam bith a bhios e nar comas, comharraichidh sinn na costasan riatanach sa phròiseas buidseit airson gach bliadhna, agus nì sinn cinnteach gun tèid buidseatadh ann an dòigh iomchaidh airson gnìomhan a tha ri an coileanadh. Faodaidh gun tèid maoineachadh a shireadh on taobh a-muigh airson pròiseactan fa leth.

A bhith a' dearcnachadh cur-an-gnìomh a' phlana

Bidh adhartas a' phlana na nì seasmhach air clàr-gnothaich Chomataidh Ghàidhlig UHI, air am bi an t-uallach coitcheann airson dearcnachadh a' phlana agus comhairle a thoirt seachad air. Gheibh i cuideachd aithisg bhliadhnail mhionaideach air adhartas, a thèid a chur an sin fa chomhair Bhòrd na Gàidhlig. Bidh uallach air Comataidh na Gàidhlig cuideachd airson co-thaobhadh eadar am plana seo agus an fheadhainn aig UHI Tuath, an Iar agus Innse Gall, Sabhal Mòr Ostaig (ag aithneachadh gu bheil a dhreuchd shònraichte fhèin aig Sabhal Mòr Ostaig do Riaghaltas na h-Alba mar an t-Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig), agus com-pàirtichean a dhealbhas planaichean Gàidhlig co-thaobhte ri linn rèis a' phlana seo.

A bharrachd air sin, bidh aithisg bhliadhnail ann air an adhartas a bhios air a dhèanamh a thaobh nan geallaidhean air an tèid beachdachadh le àrd-sgioba riaghlaidh UHI agus comhairle a' chom-pàirteachais. Thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh leis a' chomhairle acadaimigeach air an earrainn den aithisg bhliadhnail a bheir aire don churraicealam agus rannsachadh. An dèidh beachdachadh taobh a-staigh den bhuidhinn, thèid an aithisg bhliadhnail a chur a dh'ionnsaigh Bhòrd na Gàidhlig.

Is e na geallaidhean sa phlana na targaidean coitcheann airson a' phlana agus bheirear iomradh sna rèiteachaidhean aithris air dè cho fada is a chaidh gach aon de na geallaidhean seo a choileanadh.

Tha targaidean coileanaidh a bharrachd, freumhaichte ann an earrannan sònraichte a' phlana (1, 2 agus 4)

Contact details

The senior officer with operational responsibility for overseeing the preparation, delivery and monitoring of our Gaelic language plan is:

Professor Neil Simco

Deputy Principal (Academic and Research)

UHI North, West and Hebrides
Burghfield House,
Cnoc-an-Lobht,
Dornoch
IV25 3HW
neil.simco@uhi.ac.uk

Queries about the day-to-day operation of the plan should be addressed to:

DJ MacIntyre

Gaelic Officer

UHI House
Centre for Health Science
Old Perth Rd
Inverness
IV2 3JH
dj.macintyre@uhi.ac.uk

Fiosrachadh conaltraidh

Is e an t-àrd-oifigear air a bheil an t-uallach obrachail airson marasglachadh a dhèanamh air ullachadh, liubhairt agus dearcnachadh a' phlana Ghàidhlig againn:

An t-Àrd-Ollamh Neil Simco

Iar-Phrionnsapal (Rannsachaidh is Buaidhe)

UHI a Tuath an Iar is Innse Gall
Taigh Burghfield,
Cnoc-an-Lobht,
Dòrnach,
IV25 3HW
neil.simco@uhi.ac.uk

Bu chòir ceistean mu obrachadh làitheil a' phlana a chur a dh'ionnsaigh:

DJ Mac an t-Saoir

Oifigear Gàidhlig

Taigh UHI
Ionad Saidheans Slàinte
Seann Rathad Pheairt
Inbhir Nis
IV2 3JH
dj.macintyre@uhi.ac.uk